

19 Lùnastal 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Anns a' Mhàrt 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Sgoil an Tairbeirt. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air Sgoil-àraich an Tairbeirt anns na 18 mìosan seo chaidh. Air an adhbhar sin, dh'aontaich sinn leis an ùghdarras ionadail agus an sgoil nach eil an clas-àraich na phàirt den sgrùdadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair Sgoil an Tairbeirt.

- Tha clann is daoine òga modhail, spèiseil agus fileanta. Tha dàimhean coibhneil is adhartach aca le luchd-obrach, agus tha iad air leth deònach a bhith ag ionnsachadh agus a' coileanadh.
- Tha clann, daoine òga agus luchd-obrach moiteil gu bheil a' Ghàidhlig aca. Bidh clann is daoine òga ann am Foghlam tron Ghàidhlig a' dèanamh deagh adhartas nam fileantachd.
- Bidh clann is daoine òga a' soirbheachadh gu math ann an ceòl agus tachartasan cultarail, cànan agus spòrs, gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean obair gu sgiobalta gus ceannardas ro-innleachdail agus coitcheann na sgoile a leasachadh. Le bhith a' dèanamh seo, bu chòir dhaibh na sgilean aca a neartachadh ann a bhith ag aithneachadh dè tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a leasachadh air feadh na sgoile. Bu chòir ceannardas aig gach ìre a leasachadh barrachd gus atharrachadh a thoirt gu buil gu luath.
- Bu chòir do stiùirichean aig àrd-ìre agus meadhan-ìre, còmhla ri luchd-obrach, sàr ionnsachadh, teagasg, measadh agus modarataireachd a leasachadh barrachd. Bu chòir do luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil dàta ceart aca agus a chleachdadh ann an dòigh nas èifeachdaiche gus adhartas agus coileanadh chloinne is dhaoine òga a leasachadh bho BS1 gu ÀS3.
- Bu chòir don ùghdarras ionadail taic a thoirt do dh'àrd-stiùirichean gus Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh a leudachadh aig ìrean na h-àrd-sgoile. Bu chòir na coileanaidhean a tha rim faighinn an-dràsta tro Ghàidhlig a bhith air am mìneachadh gu soilleir, a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig daoine òga mar a leasaicheas iad am fileantachd sa chlas agus taobh muigh a' chlas, bliadhna an dèidh bliadhna.

- Bu chòir don luchd-obrach gu lèir dèanamh cinnteach gu bheil iad ag ùrachadh ionnsachadh proifeasanta gu cunbhalach agus a chur an sàs ann an co-ionannachd agus in-ghabhail. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil planaichean agus pròiseasan taice mionaideach aig a h-uile pàiste is neach òg sa bhad a dh'fheumas taic chuimsichte airson an ionnsachaidh agus an leasachaidh.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach ro-innleachd shoilleir a stèidheachadh gus adhartas, coileanadh agus buileachadh cloinne is dhaoine òga a leasachadh. Bu chòir don ro-innleachd seo togail air leasachaidhean o chionn ghoirid ann an ÀS4, a' dèanamh cinnteach à curraicealam farsaing a bhios ag amalachadh teicneòlas didseatach agus tabhartasan bho chom-pàirtichean gus neartachadh a dhèanamh air na tha luchd-teagaisg a' tabhann. Feumaidh curraicealam dhaoine òga ann an ÀS6 tuilleadh leasachaidh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachadh Foghlam Alba airson Sgoil an Tairbeirt

Comharran càileachd airson na sgoile gu lèir	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	lag
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' seilachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	lag
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh Eagraan) Eàrr-ràdh 3: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Gheàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Sgoil an Tairbeirt | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air co-dhùnaidhean ar sgrùdaidh, tha sinn den bheachd gum feum an sgoil tuilleadh taice agus barrachd ùine gus na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Nì sinn conaltradh le Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas na sgoile a bhith a' leasachadh. Tillidh sinn a dhèanamh sgrùdadh eile air an sgoil taobh a-staigh bliadhna bho thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mun sgrùdadh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh na sgoile, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim a dh'innse mun adhartas a rinn an sgoil.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh